SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

SGRÌOBHADH

13. Aig deireadh an latha.

Chuir mi Màiri Bheag na sìneadh aig uair. Bha i air fad' na madainn a chuir seachad comharrachadh an t-siamh cò-là-breith aig a bràthair mòr, Alasdair. Rinn mi cinnteach gu robh na h-òrdagan aice fon phlaide gus nach ~~fhaigh~~ fhairich i fuachd sam bith. Le bhith am meadhan An Gearan, tha na làithean goirid 'sna h-oidhcheana fada, tha a ghaoith geur cuideachd 's chan eil an taigh againn uabhasach blath.

Tha e faisg air dà bhliadhna bhon a dh'fhalbh Dòmhnall a Shabaid

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

mi caoineadh, chan eil latha ann
far nach eil mi ag èisteachd ris a "wireless"
le eagal mo bheatha 's gun cluinn
mi ainm Dhòmhnaill, 's chan eil
latha ann far nach eil mi ag ùrnaigh
ri Dia, faighneachd dha airson na
mìorbhailean 's gun crìochnaich e an
cogadh 's gun cuir E Dòmhnall dhachaigh
slàn.

Thàinig gnog aig an dorus.

"Tha mi ag aithneachadh an gnog ud,
a' Mhamaidh! 'S e am post a
th' ann!" Thuirt ~~e~~ Alasdair le
aoibhneas!

~~Chaidh~~ Choisich mi chun doras
is dh' fhosgail mi i'! 'S e am

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST | NA SGRÌOBH AN SEO

'S a chogadh. Chan eil mìonaid ann far nach bi mi smaoineachadh air. Rugadh Màiri an dèidh dha falbh, agus 's e bha tàmailteach! Chan eil mòran cuimhne aig Alasdair air, tha e cho cleachte ris an dòigh beath ùr againn a-nise; Mamaidh, Alasdair agus Màiri bheag.

Tha gach latha na uallach dhomh, dìreach a' feitheamh ri droch naidheachd anns a chaimhearsnachd - cò tha dol a bhi na màthair gun màc an-diugh? Cò tha dol a bhi na banntrach? Cò tha dol a bhi gun athair? Gun bhràthair? 'S iad seo a tha riaghladh mo smuaintean gach madainn is oidhch'. Chan eil latha far nach eil

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

post a bh' ann gun teagamh.

Choimhead mi ~~an~~ null gu Alasdair, "Nach eil ~~an sùil~~ chluais gheur agadsa!"

"Feasgair Math, a bhean phòsta NicSuain, ~~...~~ tha parsail agam airson am balach le latha mòr an-diugh!"

Cho luath 's a chuala Alasdair sin ruith e chun dorais 's thug e taing don phost.

"Agus litir dhut fhèin a' Pheigi"

Thug mi aon sùil air an cèis litreach 's dh' aithnich mi sgrìobhadh Dhòmhnaill 's a bhad. Thog mo chridhe. Thug mi

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

an litir, "Tapadh leibh", dhùin mi'n doras le fiamh a ghàire. Le greim gràidheil ~~chunnaic~~ air an litir, choisich mi sìos dhan t-seòmar suidhe le casan aotram 's mo chridhe làn sòlas. Shuidh mi sìos gu rèidh air an cathair.

"Seall a' mhamaidh! Fhuair dadaidh mìrean measgaichte dhomh!"

"Nach e bha còir!"

Bha Alasdair beag cho toilichte, thog sin mo chridhe cuideachd.

Dh 'fhosgail mi an cèis litreach

→

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

21 Am Faoileach ~~1941~~ 1941

A Pheigi Chòir,

Tha mi gad ionndrainn gach là, a' ghaoil. Tha mi an dòchas gu bheil sibh uile gu math 's mi cuideachd gum bith cò-là-breith sona aig Alasdair. Chan urrainn dhomh creidsinn gum bheil e sia mar tha. Math a chluinntin gu bheil e deànamh math san sgoil. Tha an dealbh de Mhàiri dìreach àlainn, chan urrainn dhomh feitheamh gus coinneachadh rithe! Tha mise math, slàn, tha an obair cruaidh ach tha mi sàbhailte fo dhìon a bhuachaille.

Torr Gaol

Domhnall MacSuain

ENTER NUMBER OF QUESTION | DO NOT WRITE IN THIS MARGIN

Ruith na deòirean far mo ghruaidhean. Bha e beò, bha e sàbhailte. Bha mo chridhe dìreach deàrsadh le sòlas. 'S e sin dìreach bha dhìth orm aig deireadh an latha!

Thàinig gnog eile aig an doras.

"Cò tha sin, mamaidh?"

"Feumaidh gur e Sìle a th'ann le bonnach!"

Rinn mi mo shlighe le ceusan aotram, ann an deagh shunnd' 's fios air tighinn a Domhnall.

Dh'fhosgail mi an doras 's bha èildeir an eagal air mo chainneamh.

ENTER NUMBER OF QUESTION

DO NOT WRITE IN THIS MARGIN

agus pìos pàipear buidhe na làimh.

Stad mo chridhe.

"Duilich tadhal ort aig deireadh an latha, a bhean phòsta NicSuain. Ach, 's ann le èislein a tha mi ag innse gun deach do chèile, Fo-Cheannard D. MacSuain a marbhadh air 11 An Gearran 1941."